

mu dheidhinn ...



Feòragan ruadha

Tha bian ruadh dhonn air feòragan ruadha, cluasan badach agus earbaill mhòra, dhosach. Bidh iad a' fuireach ann an coilltean agus uaireannan ann am pàircean is ann an gàrraidhean cuideachd. Feumaidh iad tòrr chraobhan is biadh gu leòr.



FIOSRACHADH MU FHEÒRAGAN

1. Bidh feòragan a' ruith sìos chraobhan an comhair an cinn.
2. Cha bhi feòragan a' cadal fad a' gheamhraidh
3. Bidh eadar aon is sia iseanan aig feòragan. Bidh eadar 10-15g annta nuair a bheirear iad.
4. Canar gun aithnich feòrag cnò mhath bho chnò ghrod le bhith ga tomhas na spògan.



Feòrag Ruadh

DÈ BHIOS FEÒRAGAN RUADHA AG ITHE?

Is toigh le feòragan ruadha sìol chraobhan. 'S e sìol chraobhan durcanach as fheàrr leotha. Tha durcain is duilleagan coltach ri bioran air na craobhan sin. 'S e craobh dhurcanach a tha sa Ghiuthas Albannach.

Bidh iad cuideachd ag ithe cnothan daraich, cnothan faidhbhile, cnothan calltainn, dearcain, balgain-buachair, rùsg craoibh, blàthan chraobhan is dìtheanan.

BIADH A' GHEAMHRAIDH

As t-fhoghar tha sìol gu leòr anns na durcain giuthais. Bidh iad a' tuiteam air an talamh. Mar a bhios an ùine a' dol seachad, bidh luchainn is beathaichean beaga eile a' lorg agus ag ithe nan durcain giuthais. Mar sin bidh feòragan a' cur seachad ùine air an talamh as t-fhoghar, a' falach dhurcain giuthais (agus cnothan daraich, sìol na craobh-dharaich - agus cnothan eile cuideachd!) Bidh iad a' dèanamh toll san talamh agus a' tìodhlacadh durcan no cnothan. Bidh iad an uair sin a' cur ùir is còinneach air uachdar a' bhìdh aca.

Bidh feòragan ag ithe nan cnothan is an t-sìl a chuir iad am falach nuair a bhios biadh gann sa gheamhradh.



Feòragan ruadha

Tha nead feòraig air a dèanamh le geugan air an lìnigeadh le duilleagan còinnich is feur airson an fheòrag a chumail blàth

FIOSRACHADH MU FHEÒRAGAN

1. Bidh cailleachan-oidhche is cait a' creach (a' sealg is ag ithe bheathaichean eile) nam feòragan.
2. 'S àbhaist gun ruith feòragan am falach air cùl na craoibhe nuair a thig creachadair. Ma chì thu feòrag a thèid à fianais gu math luath, coisich luath timcheall na craoibhe.
3. Tha e an aghaidh an lagh feòrag ruadh a ghlacadh no a leòn, no na neadan aca a mhilleadh.



A BHEIL FEÒRAGAN 'SA CHOILLE FAISG ORT FHÈIN?

Ceimhead airson postachan!
'S docha nach fhaic thu feòrag ach chì thu soidhnichean gu bheil feòragan mun cuairt mu choimheadas tu airson postachan-bidhe. Bi na feòragan a' cleachdadh na postachan seo airson coimhead a bheil crèadhadairean mun cuairt fhad's a tha iad ag ithe. Tha na postachan seo air an cuairteachadh le dearcán-giuthais falamh. Coimhead airson neadan cuideachd. ('Se 'drey' an ainm Beurla airson nead feòrag.)

AN TÈID AN FHEÒRAG RUADH À BITH?

Chan eil ach glè bheag de dh'fheòragan ruadha air fhàgail an Sasainn agus sa Chuimrigh. Tha iad air fàs gu math tearc agus 's e an fheadhainn ghlasa a th' ann nan àite.

An tachair an aon rud an Alba sna 10-20 bliadhna a tha romhainn?



Feòrag ghlas

Abair mearachd!

Bidh luchd-turais tric a' toirt cuimhneachan dhachaigh leotha air na saor-làithean. Mu cheud bliadhna air ais (1876 - 1919) thug grunnan dhaoine feòragan glasa dhachaigh leotha à Ameireaga. Bha iad dhen bheachd gum biodh e math feadhainn ghlasa agus feadhainn ruadha a bhith sna pàircean aca!

Sgaoil na feòragan glasa air feadh nam pàircean agus mean air mhean chuir iad às dha na feòragan ruadha. Chan eil duine cinnteach ciamar a tha iad a' dèanamh sin. 'S dòcha gur ann air sgàth 's gu bheil iad beagan nas motha agus beagan nas dàine. 'S dòcha cuideachd gu bheil iad nas fheàrr air cnothan daraich is sìol faidhbhile a chnàmh. Chan eil coltas gum bi an fheòrag ruadh beò còmhla ris an fheòraig ghlais nas lugha na tha a' mhòr-chuid dhe na craobhan le durcain.



LABHAIRT is DRÀMA

Latha ann am beatha feòrag ruadh

Bruidhinn ris a' chloinn mu na "caractaran" ris am faodadh feòrag ruadh coinneachadh tron latha - bruidhinn air

- an cunnart on fheòraig ghlais
- far am bi feòragan a' fuireach
- dè bhios iad ag ithe

iarr air a' chloinn am beachdan mu latha ann am beatha na feòraig ruaidh a chur ann an cainnt - cleachd bòrd-geal eadar-ghnìomhail ma tha e ann no cuir dealbhan dhe na "caractaran" air biorain



SGRÌOBHADH

Iarr air a' chloinn dàn simplidh acrostaig a dhèanamh (a' cleachdadh na ciad litir dhe gach facal). Bruidhnibh air faclan a dh'fhaodadh iad a chleachdadh an toiseach.

FEÒRAG RUADH

Feòrag ruadh am bàrr na craoibh

Earball mòr, dosach

O, na cuir eagal oirre no

Ruithidh i gu cùl na craoibh

Airson teiche on chunnart

Gu luath

Ràith an fhoghair agus

Ullaichidh an fheòrag gu math

A' cruinneachadh biadh

Dhi fhèin airson

H-uile geamhradh

EALAN - Collage

- iarr air a' chloinn coimhead air postair na feòraig ruaidh, agus air dealbhan de dh'èoin dhùthchasach (me breacan-beithe, gealag bhuidhe, cam-ghob, iolaire bhuidhe, coileach-dubh, capall-coille) is giuthais
- seisean/buidheann 1 - a' peantadh craobh-ghiuthais mhòr air a' bhalla
- seisean/buidheann 2 - gach duine a' peantadh dealbh feòraig airson an gearradh a-mach is an crochadh air geugan na craoibhe
- seisean/buidheann 3 - a' peantadh dhealbhan de dh'èoin len toigh giuthas airson an gearradh a-mach is an crochadh air a' chraoibh

CEIST IS FREAGAIRT

1. Dè an t-ainm a th' air a' bheathach sa phostair?
2. Thoir iomradh air a' bheathach.
3. Dè bhios am beathach ag ithe?
4. Ciamar a bhios iad a' stòradh a' bhìdh?
5. Dè am beathach a tha cunnartach dhan fheòraig ruaidh?
6. Ainmich dà bheathach a bhios a' creach na feòraig ruaidh.
7. Dè bhios an fheòrag a' cleachdadh airson nead a dhèanamh?
8. Càit às an tàinig an fheòrag ghlais?
9. Cia mhead pìos fiosrachaidh as aithne dhut mu fheòragan?
10. A bheil fios agad air ainmean èoin len toigh a bhith a' fuireach ann an coille-giuthais?

CEANGALAN BITH-IOMADACHD

Tha an fheòrag ruadh na pàirt de bhith-iomadachd Alba, (gach seòrsa beatha, eadar lusan is beathaichean, agus far a bheil iad beò). Gus gun tuig a' chlann mar a tha gach nì a' ceangal ri chèile agus gus an tuigse air bith-iomadachd a mheas, copaidh na cairtean air cùl postair na feòraig ruaidh a' sealltainn dhealbhan de bheathaichean, de lusan agus de dhuine.

1. Iarr orra na cairtean a chur ann am buidhnean de bheathaichean is de lusan
2. Faigh beachdan sìmplidh bhuapa mu na buidhnean me tha pàirtean uaine air na lusan, bidh na beathaichean a' gluasad no càil sam bith eile air an smaoinich iad

Faodaidh tu cuideachd na cairtean air cùl a' phostair a chleachdadh mar ghèam gus seine bìdh sìmplidh a lorg.

CLÀR-MÌNEACHAIDH

CRAOBH DHURCANACH – craobh no preas buan-ghorm le duilleagan tana biorach le sìol sna durcain

CREACH – beathach a' sealg agus ag ithe bheathaichean eile airson biadh

A' TADHAL

Cuir air dòigh eòlaiche tadhal

Cuir fios gu eòlaiche san sgìre no gu neach-raoin airson tighinn a bhruidhinn ris a' chloinn mu fheòragan ruadha

Iarr air a' chloinn smaoinichadh air ceistean a chuireas iad air an neach-raoin mus tig iad – sgrìobh na ceistean air cairtean ach am faighnich a' chlann iad nuair a thig an neach

AIRSON TUILLEADH FIOSRACHAIDH IS ÌOMHAIGHEAN

www.treesforlife.org.uk/tfl.scpine.html

www.saveoursquirrels.org.uk/red-squirrel-information/for-children

www.forestry.gov.uk

www.snh.org.uk/speciesactionframework

www.arkive.org/species/ARK/mammals/Sciurus_vulgaris/ (Red Squirrel images)

www.arkive.org/species/ARK/mammals/Sciurus_carolinensis/ (Grey squirrel images)

Taig: Sgrìobhte le Liz Balharry agus Pat Thornton.

The Educational Resource Partnership, Inbhir Nis. www.educationalresourcepartnership.co.uk

Dealbhan le Iain Ashman agus Merrill MacWilliam

Dealbhan-camara le Neil MacIntyre agus Lorne Gill/SNH

Mòran taig cuideachd dhan fheadhainn a chuidich le leasachadh na duilleig seo, gu h-àraidh na tidsearan a bha an lùib a' phròiseact seo, Seirbheis Luchd-raoin Chomhairle na Gàidhealtachd agus eòlaichean SNH.

BITH-IOMADACHD

Ciamar a chuidicheas sinn?

Tha e cudromach coimhead an dèidh fiadh-bheatha is dùthaich Alba ma tha sinn airson an fheòrag ruadh agus na coilltean sam bi i a' fuireach a ghleidheadh.

Faodaidh sinn an aire a thoirt air an dùthaich le bhith:

- A' cur craobh no gàrradh fiadh-bheatha
- A' lùghdachadh agus ag ath-chuartachadh sgudal
- A' gabhail ann am buidheann a bhios a' coimhead an dèidh àrainn fiadh-bheatha san sgìre

OISEAN FIADH-BHEATHA agus A' BIATHADH FHEÒRAGAN

Cuir soitheach a' bhìdh shuas àrd air a' chraoibh

Lìon e le:

Cnothan-calltainn leis a' phlaosg orra, ros-lìn, ùbhlán, cnothan-talmhainn, sìol dìthean-grèine, currain

Na cuir ann:

Measan tioram mar rèiseidean is sultanathan oir faodaidh iad dìth calcium adhbhrachadh san fheòraig

Ann an oisean sàmhach:

Fàg loga no dhà airson grodadh gus biastagan is fungas a bhrosnachadh agus a dh'itheas na feòragan



Tha postair a' dol leis an duilleig seo agus tha duilleagan is postairean eile ann a tha a' dol leis an t-sreath 'Mu dheidhinn'.

Luchdaich a-nuas am postair bho

www.snh.org.uk/pdfs/education/poster/p-redsquirrels.pdf

no cuir fios gu SNH, Battleby, Redgorton, Peairt, PH1 3EW